

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 3 | 2013 | AM MART

Facal Toisich

Annas a' Ghàidhlig tha mòran a bharrachd de laoidhean againn mun Chàisg, mu bhàs agus aiseirigh Chrìosd, na tha againn de laoidhean Nollaig, mu a bhreith. Annas a' Bheurla tha cruinneachadh mòr de laoidhean Nollaig ann, cuid dhiù air an eadar-theangachadh o chànanan eile. Gun teagamh tha laoidhean Nollaig againn annas a' Ghàidhlig, gu h-àraidh *Leanabh an Aigh*, ach chan eil iad idir cho lìonmhor ris na laoidhean Càisge. Tha e coltach gu robh bàs agus aiseirigh Chrìosd aig teis-meadhan creideamh agus teagasg na h-Eaglais Cheiltich.

Tha sinn fortanach gu bheil laoidhean againn nar cànan a tha a' mìneachadh dhuinn teachdaireachd na Càisge. Bhruidhinn iad ri cridhe iomadach Gàidheal anns na ginealaichean a chaidh seachad. Annas an laoidh, *Annas an t-Siorraidheachd a Dh'fhalbh*, tha Iain Mac a' Ghobhainn a' dèanamh iomraidh air teachd an t-Slànaigheir – *Annas a' phrasaich laigh Thu stòld'* – ach tha sèisd an dàin gar toirt dìreach gu crann-ceusaidh Chalbhari –

*Is iongantach ri luaidh do ghràdh,
A ghabh ar n-àit' gu fulang ann.*

Sgrìobh Pàdraig Grannd laoidhean air an robh agus air a bheil na Gàidheil glè dhèidheil. Tha tè de laoidhean a' Ghranndaich as trice a chluinnear gar toirt chun a' chrainn –

*O 's ann tha 'n èifeachd am fuil an Uain
A chum air n-euceartan ghlanadh uainn.*

Tha dlùth cheangal eadar Nollaig agus Càisg. Mur biodh an stàball ann, cha bhiodh an crann-ceusaidh ann, agus air taobh thall a' chrainn tha an uaigh fhalamh. Tha e buannchdail a bhith a' leughadh a-rithist anns na Soisgeulan air na thachair eadar Dihaoine na Ceusta agus Didòmhnaich na Càisge. Tha adhbhar againn a bhith a' seinn mu bhunaitean ar creidimh, losa a' tighinn ann an irioslachd a dh'ionnsaigh an t-saoghail agus a' toirt buaidh air a' pheacadh agus air a' bhàs aig àm na Càisge.

**Beannachdan na Càisge dhuibh uile,
Ruairidh MacLeòid.**



Tha sinn a' cluinntinn gu bheil Eaglais Ploc Loch Aillse gu bhith air a reic. Seo tè de na h-Eaglaisean Pàrlamaid a chaidh a dhealbhadh le Tòmas Telford. Chaidh Eaglais a' Phluic a thogail ann an 1827 agus chosg an taigh-adhraidh agus am mansa còmhla faisg air mìle gu leth not. Phàigh an t-uachdaran, Isaac Lillingston, airson lobhta a chur am broinn na h-eaglais airson gun gabhadh i barrachd dhaoine. Bha a' cheud mhinistear, an t-Urr. Alasdair Dòmhnallach, 'na shearmonaiche air an robh mòr-mheas aig slugh taobh siar na Gàidhealtachd. Lean e an Eaglais Shaor ann an 1843 agus ghluais e gu Gleann Urchardainn.

Cùil Nan Ceist

Tha Sàbaid na Càisge ann aig deireadh a' Mhàirt nuair a bhios sinn a' cumail cuimhne air bàs agus aiseirigh an t-Slànaigheir. An turas seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu Chàisg an t-Seann Tìomnaidh a bha ag ullachadh na slighe airson iobairt Chrìosd mar Uan Dhè a tha a' toirt air falbh peacadh an t-saoghail. Gheibh sibh freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò an rìgh a chum càisg ann an Ierusalem don Tighearna? (2 Eachdraidh, caibideil 35)
2. Lìon a' bheàrn: "Tre ----- ghlèidh e a' chàisg." (Eabhraidhich, caibideil 11.)
3. Cuin a chum clann a' bhraighdeanais a' chàisg? (Esra, caibideil 6.)
4. Càit an deach losa sia làithean ron chàisg? (Eòin, caibideil 12.)

Bròn – 3

A bheil Dia a' toirt cofhurtachd ann an àm feum? Tha na mìltean a chanas gu bheil agus 'nam measg bha Horatio Spafford. Rugadh e ann an New York ann an 1824 ach 's ann a Chicago a bha e 'na fhear-lagha soirbheachail. 'S e duine diadhaidh a bha ann agus bha e 'na charaid do D. L. Moody an soisgeulaiche. Ann an 1871 bha teine mòr ann an Chicago far an deach iomadh duine a dhìth agus mìltean fhàgail gun dachaigh. Ged a chaill e fhèin ri linn an teine chuir Stafford seachad an ath dhà bhliadhna a' cuideachadh nam feumach.

Bha e fhèin, a bhean agus an ceathrar nighean a' dol air turas a Shasainn a chur ùine seachad còmhla ri D. L. Moody. Aig a' mhionaid mu dheireadh thàinig air Stafford fuireach far an robh e. Gu mì-fhortanach, ri linn tubaist, chaidh am bàta, an *Ville de Havre*, fodha agus ged a chaidh Anna Stafford a thoirt às an uisge gun mhothachadh, chaidh an ceathrar nighean a bhàthadh.

An ceann naoi latha ràinig iad Cardiff agus chuir a bhean telegram gu Stafford leis na faclan – *Saved alone*.

Dh'fhàg Spafford cho luath 's a b'urrainn dha agus tha e coltach gun do chuir caiptean a' bhàta fios nuair a bha iad a' dol seachad air an àite as an deach an *Ville de Havre* fodha. Sgrìobh e gu a phiuthar-chèile mar seo, *Diardaoin a chaidh, chaidh sinn seachad air an àite far an deach am bàta fodha. Ach chan eil mi a' smaoineachadh air an fheadhainn a bha gràdhach againn an sin. Tha iad sàbhailte, na h-uain chòir.*


Tha e coltach gun deach Horatio Spafford air ais don cheabain agus sgrìobh e na faclan a tha air cofhurtach a thoirt do dh'iomadach duine bhon uairsin.

*When peace like a river attendeth my way,
When sorrows like sea billows roll,
Whatever my lot, Thou hast taught me to say,
It is well, it is well with my soul.*

Saoilidh mi gu robh Horatio Spafford coltach ri lob nuair a thubhairt e, *Ged mharbh E mi, gidheadh earbaidh mi às.*

**Oighrig Fhearghasdan,
(A' Mhanachainn)**

Tòimhseachan Tarsaing



Tarsaing

1. An aois a bha Iosiah nuair a rinneadh rìgh dheth – 2 Rìgh, caibideil 22. (4)
4. “Air eagal gun sìneadh e a-mach a ---.” – Genesis 3. (4)
6. Dh'ith a' phàilim-chnuimh na craobhan seo – Amos 4. (5,3)
7. “Oir gabhaidh thairis ----- ghaoith.” – Salm 103, ann am meadrachd. (4)
9. Chaidh an obair ghearrte a bhriseadh leo – Salm 76. (4)
10. “----- --- tròcair.” – 2 Corintianaich 2. (6, 3)
12. An darna mac aig Suah. – Genesis 38. (4)
13. Chan ithear an t-eun seo. – Lebhiticus 11. (4)

Sios

2. “Tha mi a' --- an cuimhne dhut – 2 Timoteus 1. (3)
3. Tha acair an anama mar seo – Eabhraidhich 6. (9)
4. “Bha e -----” - Philipianaich 2. (3, 6)
5. “D'ainm-sa gum ----- leam.” – Salm 142, ann am meadrachd. (5)
8. Dh'iarr e Simon a chriaradh mar chruithneachd – Lùcas 22. (5)
11. “Loisg e cnàmhan rìgh Edoim gu ---.” – Amos 2. (3)

Gheibhear am fuasgladh air an duilleig-chùil.

Leabhraichean

Is glè thoigh leam fhèin a bhith a' leughadh agus a' cruinneachadh leabhraichean air eachdraidh-beatha dhaoine, gu seachd àraidh ma tha ceangal aca ris an Eaglais agus ris a' Ghàidhealtachd. A' toirt sùla air na sgeilpichean agam, tha suas ri dà cheud leabhar agam den ghnè seo.

Chan e leabhar ùr air a bheil sinn a' coimhead an turas seo, ach 's e a tha ann leabhar a bhios mi tric a' togail. 'S e a tha ann cunntas air beatha “Caraid nan Gàidheal” air a sgrìobhadh le fear de na mic aige. Chaidh an leabhar a chlà-bhualadh an toiseach ann an 1898 agus chòrdadh e ri iomadh leughadair nan tigeadh e a-mach as-ùr. Chan eil cuimhne agam an-diugh càit an d'fhuair mi an leth-bhreac a tha agamsa. Tha làmh-sgrìobhadh 'na bhroinn: “Roderick MacCowan Kiltarlity May 1929.” Sin ainm an ùghdair a sgrìobh an leabhar prìseil, “The Men of Skye”, agus bha e 'na mhinistear anns an Eaglais Shaoir ann an Cill Targhlain eadar 1908 agus 1937.

Tha e coltach gu robh Tormod MacLeòid an dùil iomradh a sgrìobhadh

Memorials of the Rev. Norman MacLeod (Senr) DD le Iain N. MacLeòid

air a bheatha ach cha deach aige ach air pàirt dheth a chur air pàipear. Rinn a mhac feum de na cuimhneachain phearsanta sin anns an leabhar seo. (Bha Seasaidh, nighean Caraid nan Gàidheal, pòsta aig Gilleasbaig Mac a' Chlèirich, a' cheud Fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig*).

Bha Caraid nan Gàidheal an sàs ann an iomadh cuspair co-cheangailte ris an Eaglais agus ris a' Ghàidhealtachd. Tha iomradh an seo air cuairtean a ghabh e air feadh nan eilean – ann an 1838 ràinig e Hìort – gu sònraichte nuair a bha bochdainn ann. Chuir e irisean Gàidhlig air chois agus cha robh mòran ann a bha cho ealanta air ar cànan a sgrìobhadh. Tha sealladh anns an leabhar air a shaothair, mar mhinistear a' tòiseachadh ann an Ceann Loch Chille Chiarain agus a' crìochnachadh ann an 1862 ann an Eaglais Chalum Chille ann an Glaschu, mar dhuine gnìomhach a rinn obair iongantach ann a bhith a' brosnachadh clò-bhualadh a' Bhiobaill Ghàidhlig agus a' stèidheachadh Sgoiltean an Ard-sheanaidh. Chan eil an sin ach beagan de na leughas sinn anns an leabhar seo.

Bròn – 3

A bheil Dia a' toirt cofhurtachd ann an àm feum? Tha na mìltean a chanas gu bheil agus 'nam measg bha Horatio Spafford. Rugadh e ann an New York ann an 1824 ach 's ann a Chicago a bha e 'na fhear-lagha soirbheachail. 'S e duine diadhaidh a bha ann agus bha e 'na charaid do D. L. Moody an soisgeulaiche. Ann an 1871 bha teine mòr ann an Chicago far an deach iomadh duine a dhìth agus mìltean fhàgail gun dachaigh. Ged a chaill e fhèin ri linn an teine chuir Stafford seachad an ath dhà bhliadhna a' cuideachadh nam feumach.

Bha e fhèin, a bhean agus an ceathrar nighean a' dol air turas a Shasainn a chur ùine seachad còmhla ri D. L. Moody. Aig a' mhionaid mu dheireadh thàinig air Stafford fuireach far an robh e. Gu mì-fhortanach, ri linn tubaist, chaidh am bàta, an *Ville de Havre*, fodha agus ged a chaidh Anna Stafford a thoirt às an uisge gun mhothachadh, chaidh an ceathrar nighean a bhàthadh.

An ceann naoi latha ràinig iad Cardiff agus chuir a bhean telegram gu Stafford leis na faclan – *Saved alone*.

Dh'fhàg Spafford cho luath 's a b'urrainn dha agus tha e coltach gun do chuir caiptean a' bhàta fios nuair a bha iad a' dol seachad air an àite as an deach an *Ville de Havre* fodha. Sgrìobh e gu a phiuthar-chèile mar seo, *Diardaoin a chaidh, chaidh sinn seachad air an àite far an deach am bàta fodha. Ach chan eil mi a' smaoineachadh air an fheadhainn a bha gràdhach againn an sin. Tha iad sàbhailte, na h-uain chòir.*


Tha e coltach gun deach Horatio Spafford air ais don cheabain agus sgrìobh e na faclan a tha air cofhurtach a thoirt do dh'iomadach duine bhon uairsin.

*When peace like a river attendeth my way,
When sorrows like sea billows roll,
Whatever my lot, Thou hast taught me to say,
It is well, it is well with my soul.*

Saoilidh mi gu robh Horatio Spafford coltach ri lob nuair a thubhairt e, *Ged mharbh E mi, gidheadh earbaidh mi às.*

**Oighrig Fhearghasdan,
(A' Mhanachainn)**

Tòimhseachan Tarsaing



Tarsaing

1. An aois a bha Iosiah nuair a rinneadh rìgh dheth – 2 Rìgh, caibideil 22. (4)
4. “Air eagal gun sìneadh e a-mach a ---.” – Genesis 3. (4)
6. Dh'ith a' phàilim-chnuimh na craobhan seo – Amos 4. (5,3)
7. “Oir gabhaidh thairis ----- ghaoith.” – Salm 103, ann am meadrachd. (4)
9. Chaidh an obair ghearrte a bhriseadh leo – Salm 76. (4)
10. “----- --- tròcair.” – 2 Corintianaich 2. (6, 3)
12. An darna mac aig Suah. – Genesis 38. (4)
13. Chan ithear an t-eun seo. – Lebhiticus 11. (4)

Sios

2. “Tha mi a' --- an cuimhne dhut – 2 Timoteus 1. (3)
3. Tha acair an anama mar seo – Eabhraidhich 6. (9)
4. “Bha e --- -----” - Philipianaich 2. (3, 6)
5. “D'ainm-sa gum ----- leam.” – Salm 142, ann am meadrachd. (5)
8. Dh'iarr e Simon a chriaradh mar chruithneachd – Lùcas 22. (5)
11. “Loisg e cnàmhan rìgh Edoim gu ---.” – Amos 2. (3)

Gheibhear am fuasgladh air an duilleig-chùil.

Leabhraichean

Is glè thoigh leam fhèin a bhith a' leughadh agus a' cruinneachadh leabhraichean air eachdraidh-beatha dhaoine, gu seachd àraidh ma tha ceangal aca ris an Eaglais agus ris a' Ghàidhealtachd. A' toirt sùla air na sgeilpichean agam, tha suas ri dà cheud leabhar agam den ghnè seo.

Chan e leabhar ùr air a bheil sinn a' coimhead an turas seo, ach 's e a tha ann leabhar a bhios mi tric a' togail. 'S e a tha ann cunntas air beatha “Caraid nan Gàidheal” air a sgrìobhadh le fear de na mic aige. Chaidh an leabhar a chlà-bhualadh an toiseach ann an 1898 agus chòrdadh e ri iomadh leughadair nan tigeadh e a-mach as-ùr. Chan eil cuimhne agam an-diugh càit an d'fhuair mi an leth-bhreac a tha agamsa. Tha làmh-sgrìobhadh 'na bhroinn: “Roderick MacCowan Kiltarlity May 1929.” Sin ainm an ùghdair a sgrìobh an leabhar prìseil, “The Men of Skye”, agus bha e 'na mhinistear anns an Eaglais Shaoir ann an Cill Targhlain eadar 1908 agus 1937.

Tha e coltach gu robh Tormod MacLeòid an dùil iomradh a sgrìobhadh

Memorials of the Rev. Norman MacLeod (Senr) DD le Iain N. MacLeòid

air a bheatha ach cha deach aige ach air pàirt dheth a chur air pàipear. Rinn a mhac feum de na cuimhneachain phearsanta sin anns an leabhar seo. (Bha Seasaidh, nighean Caraid nan Gàidheal, pòsta aig Gilleasbaig Mac a' Chlèirich, a' cheud Fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig*).

Bha Caraid nan Gàidheal an sàs ann an iomadh cuspair co-cheangailte ris an Eaglais agus ris a' Ghàidhealtachd. Tha iomradh an seo air cuairtean a ghabh e air feadh nan eilean – ann an 1838 ràinig e Hìort – gu sònraichte nuair a bha bochdainn ann. Chuir e irisean Gàidhlig air chois agus cha robh mòran ann a bha cho ealanta air ar cànan a sgrìobhadh. Tha sealladh anns an leabhar air a shaothair, mar mhinistear a' tòiseachadh ann an Ceann Loch Chille Chiarain agus a' crìochnachadh ann an 1862 ann an Eaglais Chalum Chille ann an Glaschu, mar dhuine gnìomhach a rinn obair iongantach ann a bhith a' brosnachadh clò-bhualadh a' Bhiobaill Ghàidhlig agus a' stèidheachadh Sgoiltean an Ard-sheanaidh. Chan eil an sin ach beagan de na leughas sinn anns an leabhar seo.

Bròn – 3

A bheil Dia a' toirt cofhurtachd ann an àm feum? Tha na mìltean a chanas gu bheil agus 'nam measg bha Horatio Spafford. Rugadh e ann an New York ann an 1824 ach 's ann a Chicago a bha e 'na fhear-lagha soirbheachail. 'S e duine diadhaidh a bha ann agus bha e 'na charaid do D. L. Moody an soisgeulaiche. Ann an 1871 bha teine mòr ann an Chicago far an deach iomadh duine a dhìth agus mìltean fhàgail gun dachaigh. Ged a chaill e fhèin ri linn an teine chuir Stafford seachad an ath dhà bhliadhna a' cuideachadh nam feumach.

Bha e fhèin, a bhean agus an ceathrar nighean a' dol air turas a Shasainn a chur ùine seachad còmhla ri D. L. Moody. Aig a' mhionaid mu dheireadh thàinig air Stafford fuireach far an robh e. Gu mì-fhortanach, ri linn tubaist, chaidh am bàta, an *Ville de Havre*, fodha agus ged a chaidh Anna Stafford a thoirt às an uisge gun mhothachadh, chaidh an ceathrar nighean a bhàthadh.

An ceann naoi latha ràinig iad Cardiff agus chuir a bhean telegram gu Stafford leis na faclan – *Saved alone*.

Dh'fhàg Spafford cho luath 's a b'urrainn dha agus tha e coltach gun do chuir caiptean a' bhàta fios nuair a bha iad a' dol seachad air an àite as an deach an *Ville de Havre* fodha. Sgrìobh e gu a phiuthar-chèile mar seo, *Diardaoin a chaidh, chaidh sinn seachad air an àite far an deach am bàta fodha. Ach chan eil mi a' smaoinichadh air an fheadhainn a bha gràdhach againn an sin. Tha iad sàbhailte, na h-uain chòir.*


Tha e coltach gun deach Horatio Spafford air ais don cheabain agus sgrìobh e na faclan a tha air cofhurtach a thoirt do dh'iomadach duine bhon uairsin.

*When peace like a river attendeth my way,
When sorrows like sea billows roll,
Whatever my lot, Thou hast taught me to say,
It is well, it is well with my soul.*

Saoilidh mi gu robh Horatio Spafford coltach ri lob nuair a thubhairt e, *Ged mharbh E mi, gidheadh earbaidh mi às.*

**Oighrig Fhearghasdan,
(A' Mhanachainn)**

Tòimhseachan Tarsaing



Tarsaing

1. An aois a bha Iosiah nuair a rinneadh rìgh dheth – 2 Rìgh, caibideil 22. (4)
4. “Air eagal gun sìneadh e a-mach a ---.” – Genesis 3. (4)
6. Dh'ith a' phàilim-chnuimh na craobhan seo – Amos 4. (5,3)
7. “Oir gabhaidh thairis ----- ghaoith.” – Salm 103, ann am meadrachd. (4)
9. Chaidh an obair ghearrte a bhriseadh leo – Salm 76. (4)
10. “----- --- tròcair.” – 2 Corintianaich 2. (6, 3)
12. An darna mac aig Suah. – Genesis 38. (4)
13. Chan ithear an t-eun seo. – Lebhiticus 11. (4)

Sios

2. “Tha mi a' --- an cuimhne dhut – 2 Timoteus 1. (3)
3. Tha acair an anama mar seo – Eabhraidhich 6. (9)
4. “Bha e --- -----” - Philipianaich 2. (3, 6)
5. “D'ainm-sa gum ----- leam.” – Salm 142, ann am meadrachd. (5)
8. Dh'iarr e Simon a chriaradh mar chruithneachd – Lùcas 22. (5)
11. “Loisg e cnàmhan rìgh Edoim gu ---.” – Amos 2. (3)

Gheibhear am fuasgladh air an duilleig-chùil.

Leabhraichean

Is glè thoigh leam fhèin a bhith a' leughadh agus a' cruinneachadh leabhraichean air eachdraidh-beatha dhaoine, gu seachd àraidh ma tha ceangal aca ris an Eaglais agus ris a' Ghàidhealtachd. A' toirt sùla air na sgeilpichean agam, tha suas ri dà cheud leabhar agam den ghnè seo.

Chan e leabhar ùr air a bheil sinn a' coimhead an turas seo, ach 's e a tha ann leabhar a bhios mi tric a' togail. 'S e a tha ann cunntas air beatha “Caraid nan Gàidheal” air a sgrìobhadh le fear de na mic aige. Chaidh an leabhar a chlà-bhualadh an toiseach ann an 1898 agus chòrdadh e ri iomadh leughadair nan tigeadh e a-mach as-ùr. Chan eil cuimhne agam an-diugh càit an d'fhuair mi an leth-bhreac a tha agamsa. Tha làmh-sgrìobhadh 'na bhroinn: “Roderick MacCowan Kiltarlity May 1929.” Sin ainm an ùghdair a sgrìobh an leabhar prìseil, “The Men of Skye”, agus bha e 'na mhinistear anns an Eaglais Shaoir ann an Cill Targhlain eadar 1908 agus 1937.

Tha e coltach gu robh Tormod MacLeòid an dùil iomradh a sgrìobhadh

Memorials of the Rev. Norman MacLeod (Senr) DD le Iain N. MacLeòid

air a bheatha ach cha deach aige ach air pàirt dheth a chur air pàipear. Rinn a mhac feum de na cuimhneachain phearsanta sin anns an leabhar seo. (Bha Seasaidh, nighean Caraid nan Gàidheal, pòsta aig Gilleasbaig Mac a' Chlèirich, a' cheud Fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig*).

Bha Caraid nan Gàidheal an sàs ann an iomadh cuspair co-cheangailte ris an Eaglais agus ris a' Ghàidhealtachd. Tha iomradh an seo air cuairtean a ghabh e air feadh nan eilean – ann an 1838 ràinig e Hìort – gu sònraichte nuair a bha bochdainn ann. Chuir e irisean Gàidhlig air chois agus cha robh mòran ann a bha cho ealanta air ar cànan a sgrìobhadh. Tha sealladh anns an leabhar air a shaothair, mar mhinistear a' tòiseachadh ann an Ceann Loch Chille Chiarain agus a' crìochnachadh ann an 1862 ann an Eaglais Chalum Chille ann an Glaschu, mar dhuine gnìomhach a rinn obair iongantach ann a bhith a' brosnachadh clò-bhualadh a' Bhiobaill Ghàidhlig agus a' stèidheachadh Sgoiltean an Ard-sheanaidh. Chan eil an sin ach beagan de na leughas sinn anns an leabhar seo.